


# SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



## Siuthad a Leanaibh

Siuthad a leanaibh  
Siuthad a bhròin x3  
Goiridh tus' mun goir na h-eòin.

Goiridh tus' mun goir an coileach,  
Goiridh tus' mun goir na h-eòin,  
Siuthad a leanaibh, siuthad a bhròin  
Goiridh tus' mun goir na h-eòin.

Tàlaidh mis' thu, ghaoil 's a thasgaidh,  
Tàlaidh mis' thu le mo dheòin,  
Caidil thusa, Dhòmhnail òig,  
'S bidh tu 'g aisling air na h-eòin.

Ged is moch a dh'èireas uiseag,  
'S moiche siud mo ghiollan òg,  
Dh'aindeoin crònain 's brìodal beòil,  
Bidh tu 'g aithlis air na h-eòin.



Faclan & fonn gun urra.  
Air a ghabhail le Eilidh Nic a' Phì.  
Ceòl-taice le Barry Reid.  
Clàraichte le Barry Reid,  
Rosecroft Studio.

